



Nuadh-chànanan Àrd-ìre

Còd a' chùrsa:	C811 76 C830 76 C831 76 C834 76 C842 76 C845 76 C846 76 C869 76 C870 76	Cantonais Fraingis Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) Gearmailtis Eadailtis Mandairinis (Sìmplidh) Mandairinis (Traidiseanta) Spàinntis Ùrdu
Còd measaidh a' chùrsa:	X811 76 X830 76 X831 76 X834 76 X842 76 X845 76 X846 76 X869 76 X870 76	Cantonais Fraingis Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) Gearmailtis Eadailtis Mandairinis (Sìmplidh) Mandairinis (Traidiseanta) Spàinntis Ùrdu
SCQF:	Ìre 6 (24 puingean creideis SCQF)	
Dligheach bho:	seisean 2019–20	

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach mun chùrsa agus measadh cùrsa gus dèanamh cinnteach gum bi measadh cunbhalach agus follaiseach bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas air structar a' chùrsa agus measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a tha air am measadh.

Tha an sgrìobhainn seo airson tidsearan agus òraidichean agus tha a h-uile fiosrachadh àithnteil ann a dh'fheumar gus an cùrsa a libhrigeadh.

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho permissions@sqa.org.uk.

An deasachadh seo: An t-Sultain 2024 (dreach 3.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2019, 2024

Clàr-innse

Geàrr-iomradh a' chùrsa	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar agus amasan	3
Cò dhà a tha an cùrsa seo?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas agus tuigse	4
Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	5
Ionnsachadh airson Seasmhachd	5
Measadh a' chùrsa	6
Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean	6
Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte—sgrìobhadh	9
Stiùireadh air comharrachadh airson obair shònraichte—sgrìobhadh	14
Structar measaidh a' chùrsa: còmhraidh	20
Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh	23
Rangachadh	31
Co-ionannachd agus in-ghabhaltas	32
Tuilleadh fiosrachaidh	33
Pàipear-taic 1: notaichean taice a' chùrsa	34
Ro-ràdh	34
A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse	34
Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg	34
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	40
Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	42
Pàipear-taic 2: clàr gràmair	43
Pàipear-taic 3: co-theacsan, cuspairean agus leasachadh chuspairean	46
Pàipear-taic 4: a' sgèileadh co-phàirtean	48

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha 24 puingean creideis SCQF sa chùrsa, a tha a' toirt a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Is e 160 uair a thìde an ùine bharalach a bheir tagraichean airson an cùrsa a chrìochnachadh.

Tha còig eileamaidean ann am measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharra	Comharra sgèilte	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean 1 Leughadh	30	gun bhuinteanas	2 uair a thìde
Co-phàirt 2: pàipear cheistean 1 Sgrìobhadh stiùirichte	20	15	(Na Cànanan Shìneach 2 uair a thìde agus 40 mionaidean)
Co-phàirt 3: pàipear cheistean 2 Ëisteachd	20	30	mu 30 mionaidean
Co-phàirt 4: Obair shònraichte-sgrìobhadh	20	15	faic an earrann 'Measadh a' chùrsa'
Co-phàirt 5: Còmhradh	30	gun bhuinteanas	mu 10 mionaidean

Inntrigeadh ga mholadh	Adhartas
Tha inntrigeadh don chùrsa seo an urra ris an ionad. Bu chòir do na tagraichean a bhith air a' chùrsa Nuadh-chànanan Nàiseanta 5 no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas fhaighinn mus tòisich iad air a' chùrsa seo.	♦ teisteanasan SQA eile ann an nuadh-chànanan no raointean co-cheangailte ♦ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Cùmhnantan duaise

Tha an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a chaidh a choileanadh thar a h-uile pàirt de mheasadh a' chùrsa.

Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tabhann sùbailteachd, a' toirt ùine seachad airson ionnsachadh, a' cur fòcas air sgilean agus a' cur ionnsachadh an gnìomh, agus a' toirt cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Bidh a h-uile cùrsa a' toirt chothroman do thagraichean farsaingeachd, dùbhlàn agus cleachdadh a leasachadh. Tha fòcas agus cothromachadh a' mheasaidh air an dèanamh freagarrach do gach cuspair.

Tha ionnsachadh cànan a' toirt comas do thagraichean ceanglaichean a dhèanamh ri diofar dhaoine agus an cultaran agus pàirt nas coileanta a ghabhail mar shaoranaich chruinneil. Tha an comas cànan a chleachdadh gu h-èifeachdach aig cridhe smaoineachadh agus ionnsachaidh. Bidh tagraichean a' meòrachadh, a' conaltradh agus a' leasachadh bheachdan tro chànan.

Bheir an cùrsa seo cothrom do thagraichean sgilean a leasachadh ann an leughadh, èisteachd, labhairt agus sgrìobhadh, a tha riatanach airson ionnsachadh, airson cosnadh agus airson beatha; diofar mheadhanan a chleachdadh gu h-èifeachdach airson ionnsachadh agus conaltradh; gus tuigse fhaighinn air mar a tha cànan ag obair; agus cànan a chleachdadh gus beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill.

Tha tabhartas sònraichte aig sgrùdadh nuadh-chànan ri leasachadh mothachadh cultarach, a' toirt chothroman do thagraichean an tuigse agus an tlachd à cultaran eile agus an cultaran fhèin a neartachadh.

Adhbhar agus amasan

Bheir an cùrsa cothrom do thagraichean na sgilean leughaidh, èisteachd, labhairt agus sgrìobhaidh a leasachadh gus aon de na cànanan a leanas a thuigsinn agus a chleachdadh:

- ♦ Cantonais
- ♦ Fraingis
- ♦ Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)
- ♦ Gearmailtis
- ♦ Eadailtis
- ♦ Mandairinis (Sìmplidh no Traidiseanta)
- ♦ Spàinntis
- ♦ Ùrdu

Bheir an cùrsa cothroman do thagraichean raon farsaing de sgilean a leasachadh agus a leudachadh. Gu sònraichte, tha an cùrsa ag amas air:

- ♦ sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh ann an nuadh-chànan
- ♦ eòlas is tuigse air nuadh-chànan a chur an gnìomh
- ♦ sgil eadar-theangachaidh
- ♦ sgilean litearrachd

Cò dhà a tha an cùrsa seo?

Tha an cùrsa seo freagarrach airson raon farsaing de thagraichean agus a' measgachadh sgilean cànanain so-ghabhail (èisteachd is leughadh) agus gnìomhaichte (còmhraidh is sgrìobhadh). Chan eil ionnsachadh ro-làimh sa chuspair riatanach, ged a tha an cùrsa a' toirt cothroman do thagraichean togail air ionnsachadh a fhuair iad roimhe ann am foghlam farsaing coitcheann no ann an teisteanasan nuadh-chànanan aig ìre SCQF nas ìsle.

Cuide ri sin, tha an cùrsa a' toirt slighe do na tagraichean a tha airson tuilleadh ionnsachaidh a dhèanamh air nuadh-chànan.

Susbaint a' chùrsa

Bheir an cùrsa cothrom do thagraichean sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh a leasachadh anns an nuadh-chànan, agus an eòlas agus an tuigse air cànan mionaideach agus iom-fhillte a leasachadh ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachaidh, comas-cosnaidh agus cultar.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt tar-shealladh farsaing air na sgilean, eòlas agus tuigse cuspair a thèid a leasachadh sa chùrsa:

- ♦ sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh ann an nuadh-chànan ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar
- ♦ a' cur an gnìomh eòlas agus tuigse air cànan mionaideach agus iom-fhillte gus nuadh-chànan a thuigsinn agus a chleachdadh
- ♦ a' cur an gnìomh eòlas agus tuigse air cànan gus cànan mionaideach agus iom-fhillte eadar-theangachadh
- ♦ a' cleachdadh eòlas agus tuigse gràmair

Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad mion-fhiosrachadh mu sgilean, eòlas agus tuigse a tha ga shampalachadh ann am measadh a' chùrsa:

Pàipearan ceiste Leughaidh, Sgrìobhadh stiùirichte agus Èisteachd

Thèid tagraichean a mheasadh air na ceithir co-theacsan: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, agus cultar.

Obair shònraichte-sgrìobhadh

Thèid tagraichean a mheasadh air aon de na ceithir co-theacsan: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, agus cultar.

Còmhraidh

Thèid tagraichean a mheasadh air co-dhiù dà de na ceithir co-theacsan: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, agus cultar.

Tha fiosrachadh mu eòlas gràmair anns a' chlàr gràmair airson Nuadh-chànanan. Bheir an clàr co-theacsa, cuspairean agus leasachadh cuspair liosta de chuspairean a chaidh a mholadh airson gach co-theacsa. Gheibhear iad seo ann an notaichean taic a' chùrsa.

Tha na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha sa chùrsa iomchaidh airson ìre SCQF a' chùrsa. Tha na tuairisgeulan ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaidh mu fheartan agus coileanadh ris am biodh dùil aig gach ìre SCQF, agus tha iad rim faighinn air làrach-lìn SCQF.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh thagraichean gus sgilean farsaing, coitcheann a leasachadh. Tha na sgilean seo stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh](#) agus a' tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd

4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

5.3 Cur an gnìomh

Feumaidh tidsearan agus òraidichean na sgilean seo a thoirt a-steach don chùrsa aig ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' togail sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh air a thoirt seachad ann an notaichean taic a' chùrsa.

Ionnsachadh airson Seasmhachd

Tha SQA dealasach a thaobh cothroman aithneachadh airson luachan, sgilean, eòlas agus tuigse co-cheangailte ri Ionnsachadh airson Seasmhachd a leasachadh taobh a-staigh gach Cùrsa Nàiseanta.

Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh anns an sgrìobhainn seo.

Coileanadh measadh a' chùrsa na prìomh adhbharan agus amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ♦ farsaingeachd — a' tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ♦ dùbhlán — feum air barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ♦ cur an gnìomh — feum air eòlas agus/no sgilean a chur an gnìomh ann an co-theacsan practaigeach no teòiridheach mar a bhios iomchaidh

Leigidh seo le tagraichean sgilean chànan a chleachdadh gus:

- ♦ fiosrachadh mionaideach agus iom-fhillte sgrìobhte agus labhairteach thuigsinn san nuadh-chànan bho cho-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar
- ♦ cànan mionaideach agus iom-fhillte sgrìobhte agus labhairteach a chleachdadh san nuadh-chànan bho cho-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, agus cultar

Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean

Pàipear cheistean 1: Leughadh agus Sgrìobhadh stiùirichte

50 comharra

Tha pàipeir nan ceistean seo leigeil le tagraichean farsaingeachd, dùbhlán agus cur an gnìomh a nochdadh ann an sgilean leughaidh is sgrìobhaidh.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean na leanas a nochdadh:

- ♦ tuigse air cànan sgrìobhte mionaideach agus iom-fhillte bho aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar
- ♦ comharrachadh nam prìomh phuingeannan agus mion-fhiosrachadh taiceil
- ♦ comharrachadh agus mìneachadh adhbhar iomlan an teacsa
- ♦ eadar-theangachadh aon earrann den teacsa sgrìobhte gu Beurla
- ♦ cleachdadh cànan sgrìobhte mionaideach agus iom-fhillte san nuadh-chànan
- ♦ a' cleachdadh eòlas is tuigse air an nuadh-chànan
- ♦ a' cleachdadh eòlas agus tuigse gràmair

Tha 50 comharra a-mach à 120 comharra gu h-iomlan ann am pàipear nan ceistean seo airson measadh a' chùrsa.

Faodaidh tagraichean faclair dà-chànanach a chleachdadh.

Tha dà earrann ann am pàipear nan ceistean seo.

Earrann 1 Leughadh

Tha 30 comharra san roinn seo (25% den chomharra iomlan airson measadh a' chùrsa).

Tha 20 comharra rim faighinn airson prìomh phuingean, mion-fhiosrachadh taiceil agus adhbhar iomlan a chomharrachadh.

Tha 10 comharra rim faighinn airson pàirt den teacsa eadar-theangachadh gu Beurla.

Leughaidh tagraichean aon teacsa sa chànan ùr-nodha. Tha an teacsa ceangailte ri aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar.

Bidh tagraichean an uair sin a' freagairt nan ceistean sa Bheurla. Bheir iad seachad freagairtean stèidhichte air tuigse air fiosrachadh bhon teacsa. San fharsaingeachd tha eadar 1–3 comharra rim faighinn airson gach ceist. Anns a' cheist leth-dheireannach feumaidh tagraichean adhbhar iomlan an teacsa aithneachadh agus brìgh a tharraing bhon tuigse iomlan aca air an teacsa.

Anns a' cheist mu dheireadh, feumaidh tagraichean eadar-theangachadh an teacsa le loidhne fodha, a tha air a roinn na chòig aonadan mothachaidh.

Earrann 2 Sgrìobhadh stiùirichte

Tha 20 comharra san roinn seo, a tha sgèilte le SQA gu 15 comharra (12.5% den chomharra iomlan airson measadh a' chùrsa).

Bidh tagraichean a' taghadh aon suidheachadh bhon dhà a tha ann am pàipear nan ceistean. Tha an dà shuidheachadh co-cheangailte ris an dà cho-theacsa nach eil air an samplachadh ann an leughadh no èisteachd.

Bidh tagraichean a' dèanamh aon phìos sgrìobhaidh mun t-suidheachadh a thagh iad, de 150–180 facal (180–240 caractar Sionach), a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte anns an nuadh-chànan.

Tha sia puingean co-cheangailte ris an t-suidheachadh. Feumaidh tagraichean dèiligeadh ri gach puing. Tha dà phìos fiosrachaidh anns a' chiad phuing. Tha aon phìos fiosrachaidh anns na còig puingean eile.

Bidh an obair sgrìobhaidh stiùirichte a' measadh comas tagraichean air tràthan caithte iomchaidh agus co-dhiù aon tràth eile a chleachdadh (mar eisimpleir, cumhach no teachdail).

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh pàipear nan ceistean

Tha pàipear nan ceistean seo air a sheatadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus tha e air a libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 2 uair a thìde aig tagraichean airson pàipear nan ceistean seo a chrìochnachadh.

Airson cànanan Sionach, tha 2 uair a thìde agus 40 mionaid aig tagraichean airson pàipear nan ceistean seo a chrìochnachadh.

Pàipear cheistean 2: Èisteachd

20 comharra

Tha pàipeir nan ceistean seo leigeil le tagraichean farsaingeachd, dùbhlán agus cur an gnìomh a nochdadh anns an sgìl èisteachd.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean na leanas a nochdadh:

- ♦ tuigse air cànan labhairteach mionaideach agus iom-fhillte ann am fèin-labhairt agus còmhradh bho aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar
- ♦ comharrachadh nam prìomh phuingeann agus mion-fhiosrachadh taiceil
- ♦ a' cleachdadh eòlas is tuigse air an nuadh-chànan
- ♦ a' cleachdadh eòlas agus tuigse gràmair

Tha 20 comharra a-mach à 120 comharra gu h-iomlan ann am pàipear nan ceistean. Tha seo sgèilte le SQA gu bhith a' riochdachadh 25% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Chan fhaod tagraichean faclair a chleachdadh.

Bidh tagraichean ag èisteachd ri fèin-labhairt anns an nuadh-chànan, agus a' freagairt cheistean airson 8 comharra. Bidh iad an uair sin ag èisteachd ri aon chòmhradh anns an nuadh-chànan, le ceistean airson 12 comharra. Tha na teacsaichean ceangailte gu cuspaireil agus tha iad stèidhichte air a' cho-theacsa nach eil air a shampall anns an teacsa leughaidh no cnàmh-sgeulan an sgrìobhaidh stiùirichte. Bidh na ceistean anns a' Bheurla agus fhreagraidh na tagraichean anns a' Bheurla.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh pàipear nan ceistean

Tha pàipear nan ceistean seo air a sheatadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus tha e air a libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha mu 30 mionaidean aig tagraichean airson pàipear nan ceistean seo a chrìochnachadh.

Bithear a' foillseachadh eisimpleirean de phàipearan-cheistean airson cùrsaichean Àrd-Ìre air làrach-lìn SQA. Tha iad sin a' nochdadh inbhe, structar agus riathanasan nam pàipearan-cheistean a nì tagraichean. Tha na pàipearan eisimpleir cuideachd a' toirt a-steach stiùireadh comharrachaidh.

Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte–sgrìobhadh

Obair shònraichte–sgrìobhadh

20 comharra

Tha an obair shònraichte a' leigeil le tagraichean pìos sgrìobhaidh a dhèanamh anns an nuadh-chànan stèidhichte air aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean na leanas a nochdadh:

- ♦ a' cleachdadh cànan sgrìobhte mionaideach agus iom-fhillte, anns an nuadh-chànan, mar phàirt de ghnìomh sgrìobhaidh obair-cùrsa air cuspair taghte
- ♦ comas cànan a' cleachdadh gu ceart gus brìgh a thoirt seachad
- ♦ a' cur beachdan agus barailean an cèill agus a' cleachdadh susbaint a bhuineas don obair
- ♦ goireas cànan agus raon de bhriathrachas, structaran agus, far a bheil sin iomchaidh, tràthan a chleachdadh

Tha 20 comharra san obair shònraichte a-mach à 120 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa. Tha seo sgèilte le SQA gu bhith a' riochdachadh 12.5% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha aon roinn aig an obair shònraichte–sgrìobhadh.

Tar-shealladh air obair shònraichte–sgrìobhadh

Bidh tagraichean a' dèanamh pìos sgrìobhaidh anns nuadh-chànan de 200–250 facal (260–330 caractar Sionach), a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte. Tha am pìos sgrìobhaidh stèidhichte air aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar. Faodaidh tagraichean iomradh a thoirt air co-theacsan eile nan sgrìobhadh ma thogras iad.

Faodaidh ionadan taghadh de bhrosnachadh sgrìobhaidh sa Bheurla a thoirt do thagraichean. Faodaidh iad seo a bhith air an taghadh bhon fheadhainn a chaidh fhoillseachadh le SQA, no faodaidh ionadan na brosnachaidhean aca fhèin a dhèanamh. Faodaidh tagraichean taghadh sgrìobhadh mu chuspair anns a bheil ùidh shònraichte aca agus seo aontachadh leis an tidsear no an òraidiche. Ge bith dè na dòighean-obrach sin a thèid a chleachdadh, tha e cudromach toirt fa-near nach fhaod tagraichean an fhìor bhrosnachadh fhaicinn gu àm a' mheasaidh.

Tha cothroman aig tagraichean an sgrìobhadh aca a leasachadh agus a dhaingneachadh. Bidh tidsearan agus òraidichean a' toirt seachad fios air ais mu raointean airson leasachadh tro bhith a' cleachdadh, mar eisimpleir, còd leasachaidh sgrìobhaidh.

Tha am fiosrachadh a tha air a sgaoileadh sa phìos sgrìobhaidh gu ìre mhòr beachdail. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean tagraichean a bhrosnachadh gu bhith sgrìobhadh ann an dòigh chuimsichte le structar agus sgrìobhadh ann am paragrafan. Bu chòir do

thagraichean cleachdadh mar a chuireas iad structar air pìos sgrìobhaidh, agus aig an aon àm a' leasachadh dhòighean air mar a nì iad sgrùdadh air cruinneas obair sgrìobhte. Bu chòir do thagraichean diofar bheachdan a chur an cèill no a dheasbad, agus aig an aon àm susbaint, beachdan agus barailean iomchaidh a thaisbeanadh agus, far a bheil sin iomchaidh, adhbharan a thoirt seachad airson am beachdan. Bu chòir dhaibh co-dhùnaidhean a tharraing agus goireas (measgachadh agus raon de structaran) agus cruinneas cànan a nochdadh.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh na h-obrach-sgrìobhaidh

Tha an obair shònraichte-sgrìobhadh seo:

- ◆ air a shuidheachadh le ionadan taobh a-staigh stiùiridhean SQA
- ◆ air a dhèanamh fo ìre àrd de dh'aireachas is smachd, anns an t-seòmar-sgoile
- ◆ air a chomharrachadh bhon taobh a-muigh le SQA

Cumhaichean measaidh

Ùine


Chan eil crìoch-ama ann airson gin de na ceithir ìrean den obair-sgrìobhaidh. Faodaidh tidsearan agus òraidichean an toil a chleachdadh gus co-dhùnadh dè an ùine a tha dhìth air tagraichean airson a' phios sgrìobhaidh ullachadh, a dhaingneachadh, a leasachadh agus a chrìochnachadh.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin am fianais a chuir tagraiche a-steach.

Feumaidh tagraichean dearbhadh le ainm-sgrìobhte gur e an obair aca fhèin a tha san tagradh. Feumaidh iad cuideachd am brosnachadh (tìotal agus ceistean leantainneach no aithrisean) a thoirt seachad sa Bheurla don bheil iad a' freagairt agus an co-theacsa a thagh iad a chomharrachadh. Feumaidh tagraidhean tagraichean a bhith furasta an leughadh agus saor bho notaichean tidseir no òraidiche.

Tha an diagram gu h-ìosal a' toirt cunntas air pròiseas obair shònraichte-sgrìobhaidh.



Nuair a gheibh tagraichean an dreach le notaichean (ìre 2), chan fheum iad an dreach deireannach aca a thoirt gu buil sa bhad (ìre 3). Faodaidh iad ùine a ghabhail airson meòrachadh air notaichean sam bith. Faodaidh an ùine a bheir seo atharrachadh bho thagraiche gu tagraiche.

Faodaidh tagraichean taghadh cuspair sònraichte no riaghailtean a' chànain ath-sgrùdadh taobh a-muigh ùine a' chlas, eadar an dreach agus an tionndadh mu dheireadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean am brosnachadh gus meòrachadh air an sgrìobhadh mus cuir iad a-steach an tagradh mu dheireadh aca.

Bidh suas ri dà oidhirp aig tagraichean air an obair-sgrìobhaidh aca a dhèanamh (is e sin aon dreach aig a' char as motha le notaichean bho thidsearan no òraidichean) mus bi i deiseil airson a chur a-steach gu SQA.

Chan fhaod tidsearan is òraidichean an dreach ceart a thoirt seachad san nuadh-chànan de phàirt sam bith den sgrìobhadh ach faodaidh iad còmhraidh ri tagraichean mar a nì iad leasachaidhean a' cleachdadh an cuid fiosrachaidh no stuthan taice. Aig a h-uile ìre, feumar tagraichean a bhrosnachadh gus an eòlas agus an tuigse air an nuadh-chànan a leasachadh.

Feumaidh an tidsear no an t-òraidiche dreachan sam bith a nì tagraichean, còmhla ris a h-uile stuth fiosrachaidh is taice a chleachdar tro pròiseas na h-obrach-sgrìobhaidh, a chumail leis an tidsear no òraidiche agus cha bu chòir an toirt air falbh bhon t-seòmar-sgoile tron phròiseas air fad.

Goireasan

Faodaidh tagraichean na stuthan taic a leanas a chleachdadh:

- ◆ notaichean iomraidh gràmair (a' gabhail a-steach clàran gnìomhair)
- ◆ faclair dà-chànanach
- ◆ liosta fhaclan no bhriathrachas
- ◆ còd leasachaidh sgrìobhaidh (ma chuireas tidsearan no òraidichean an sàs ann an sgrìobhadh dreachan agus air a bheil tagraichean eòlach)
- ◆ dreach sgrìobhadh air a chomharrachadh leis an tidsear no òraidiche, fhad 's nach eil an dreach ceart ann san nuadh-chànan
- ◆ am brosnachadh sgrìobhaidh (sa Bheurla)

Chan fhaod tagraichean na leanas a chleachdadh:

- ◆ leabhraichean teacsa no theacsaichean leughaidh san nuadh-chànan (pàipear no dealanach)
- ◆ goireasan stèidhichte air an eadar-lìon
- ◆ liosta/stòr abairtean
- ◆ frèamaichean sgrìobhaidh

Cuideachadh reusanta

Feumaidh tagraichean an obair shònraichte—sgrìobhadh aca a dhèanamh gu neo-eisimeileach. Ach, faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad. Tha an teirm ‘cuideachadh reusanta’ air a cleachdadh gus feuchainn ris an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a’ seachnadh cus cuideachaidh. Ma tha feum aig tagraichean air barrachd air na thathar a’ meas mar ‘cuideachadh reusanta’, dh’fhaodadh nach bi iad deiseil airson measadh no dh’fhaodadh gun deach an clàradh aig ìre ceàrr an teisteanais.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann de thagraichean, mar eisimpleir comhairle air mar thèid seallaidhean a chur air adhart, beachdan agus barailean a leasachadh agus an goireas cànan a chleachdadh gus pìos sgrìobhaidh a structaradh.

Faodaidh e cuideachd a bhith air a thoirt do thagraichean fa leth. Nuair a tha cuideachadh reusanta air a thoirt seachad neach-ri-neach ann an co-theacs rudeigin a tha an tagraiche air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh; bu chòir fios a bhith aig tidsearan agus òraidichean gum faodadh seo a bhith a’ dol nas fhaide na cuideachadh reusanta.

Fianais ri thional

Feumar an fianais tagraiche a leanas airson na h-obrach-sònraichte seo:

- ♦ aon phìos sgrìobhaidh anns an nuadh-chànan mar fhreagairt do bhrosnachadh sa Bheurla, bho aon de cho-theacsan comainn-shòisealta, ionnsachadh, comas cosnadh, cultar
- ♦ am brosnachadh
- ♦ leabhran freagairtean an tagraiche, air a shoidhneadh leis an tagraiche

Meud

Is e fad na h-obrach-sgrìobhaidh a thathar a’ moladh 200–250 facal (260–330 caractar Sìonach) anns an nuadh-chànan.

Dh’fhaodadh gum bi tagradh a tha fada nas fhaide no gu math nas giorra na seo fèin-pheanasach.

Bithear a’ toirt cunntas fhaclan gus an uiread fianais a tha a dhìth a nochdadh. Cha tèid peanas sam bith a chuir an sàs.

Stiùireadh air comharrachadh airson obair shònraichte–sgrìobhadh

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach SQA, tha an stiùireadh air comharrachadh a leanas, a tha a' buntainn ris an obair shònraichte–sgrìobhadh Nuadh-chànanan Àrd-ìre, ga sheòladh ris an neach-cheartachaidh. Bidh iad cuideachail mar an ceudna ma thathar ag ullachadh tagraichean airson measadh a' chùrsa.

Thathar a' cur a-steach fianais bho tagraichean chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Feuch gun cuir thu na prionnsapalan coitcheann seo an gnìomh an-còmhnaidh. Cleachd iad còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean tagraichean.

- a Cleachd comharrachadh deimhinneach an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharran far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharran air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- b Bidh tagraichean a' dèanamh pìos sgrìobhaidh, a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte, stèidhichte air aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh cultar. Faodaidh tagraichean iomradh a thoirt air co-theacsan eile nan sgrìobhadh ma thogras iad. Is e fad na h-obrach-sgrìobhaidh a thathar a' moladh 200–250 facal (260–330 caractar Sìonach) anns an nuadh-chànan. Bithear a' toirt cunntas fhaclan gus an uiread fianais a tha a dhith a nochdadh. Cha tèid peanas sam bith a chuir an sàs.
- c Bithear a' comharrachadh obair–sgrìobhaidh a thaobh susbaint, cruinneas agus goireas cànan.
- d Tha measadh iomlanach. Faodaidh neartan agus laigsean a bhith ann; tha measadh a' cur cudrom cho fada 's as urrainn air na neartan, a' toirt aire do laigsean a-mhàin nuair a tha iad a' toirt buaidh mhòr air càileachd an sgrìobhaidh. Faodar an comharra ìre as àirde a thoirt seachad eadhon ged a tha mearachdan beaga ann nuair nach toir iad sin air falbh bhon bheachd iomlan air an sgrìobhadh.
- e Bithear a' measadh càileachd iomlan na h-obrach-sgrìobhaidh mu choinneamh tuairisgeulan nan comharran stèidhichte anns an stiùireadh ceartachaidh mionaideach. Air a bheachdachadh gu h-iomlan, gheibh an sgrìobhadh an comharra stèidhichte a tha ga mhìneachadh as mionaidiche.
- f Faodaidh tagraichean comas a thaisbeanadh thairis air barrachd air aon chomharra stèidhichte. Tha e an-còmhnaidh cudromach measadh a dhèanamh air dè as urrainn don tagraiche a dhèanamh, agus mar sin a' comharrachadh na tha deimhinneach.
- g Bu chòir do luchd-comharrachaidh taic a thoirt do roghainn nan tagraichean nuair a bhios iad a' cleachdadh ainmean, riochdairean agus buadhairean gun ghnè nuair a bhios iad a' toirt iomradh orra fhèin no air daoine eile ann am measadh sgrìobhaidh. Tha cleachdadh cànan in-ghabhalach, leithid riochdairean, ainmean agus buadhairean gun ghnè — ge bith an tèid puingeachadh, rionnagan no litreachadh eile a chleachdadh — a-nis cumanta.

Faodaidh tagraichean buadhairean fireann, boireann no gun ghnè a chleachdadh air feadh an obair sgrìobhaidh no anns na measaidhean còmhraidh aca, far a bheil sin iomchaidh don chànan. Tha e cudromach gum bi tagraichean a' cleachdadh nan riochdairean agus nam buadhairean as fheàrr leotha ann an dòigh chunbhalach, agus gun lean iad ri riaghailtean aonta buadhaireach far a bheil sin iomchaidh. Far a bheilear a' cleachdadh ainmearan, riochdairean agus buadhairean gun ghnè, bu chòir measadh a dhèanamh air a' chleachdadh seo stèidhichte air cunbhalachd.

Ma tha teagamh no ceist sam bith agad mu mar a bu chòir taobhan sònraichte de fhreagairt tagraiche a mheasadh, feumaidh tu stiùireadh a shireadh bhon stiùiriche sgioba agad no bhon phrìomh neach mheasaidh.

Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Is iad na naoi feartan de na trì taobhan den obair-sgrìobhaidh:

Susbaint

- ♦ conaltradh bheachdan agus bharailean iomchaidh
- ♦ raon de bheachdan agus bharailean agus adhbharan air an son
- ♦ conaltradh diofar bheachdan agus tighinn gu co-dhùnaidhean
- ♦ eagrachadh agus structar sgrìobhaidh agus/no fòcas

Cruinneas

- ♦ gach taobh gràmair
- ♦ litreachadh

Goireas cànan

- ♦ cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte
- ♦ raon de bhriathrachas agus structaran cànan air an cleachdadh
- ♦ cleachdadh agus tuigse air an nuadh-chànan, a' gabhail a-steach cleachdadh raon de thràthan (ma tha sin iomchaidh) agus feartan cànan eile

Anns an obair–sgrìobhaidh aig Àrd-Ìre bidh tagraichean a’ cleachdadh cànan **mionaideach agus iom-fhillte**.

Bu chòir do luchd-comharrachaidh na tuairisgeulan comharran stèidhichte a leanas a chleachdadh san sgrìobhainn seo an co-bhonn ris a’ chlàr gràmair.

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a’ dèiligeadh ris an tìotal ann an dòigh shlàn agus chothromach ◆ a’ cleachdadh susbaint freagarrach ◆ a’ cur an cèill raon farsaing de bheachdan, bharailean agus adhbharan ◆ a’ taisbeanadh diofar argamaidean no bheachdan agus a’ tighinn gu co-dhùnadh ◆ a’ sgrìobhadh ann an dòigh a tha gu math eagraichte agus le structar math anns am bi an cànan a’ sruthadh gu math	◆ a’ nochdadh ìre fìor mhath de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre, ged a dh’fhaodadh beagan mhearachdan a bhith ann nach toir air falbh bhon bheachd iomlan ◆ a’ nochdadh ìre fìor mhath de chruinneas ann an litreachadh agus, far a bheil e iomchaidh, òrdugh fhaclan	◆ a’ cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte air feadh ◆ a’ cleachdadh raon farsaing de structaran ◆ a’ cleachdadh raon farsaing de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan (ma tha sin iomchaidh) agus feartan cànan eile	20
◆ a’ dèiligeadh ris an tìotal gu comasach ◆ a’ cleachdadh susbaint a tha an ìre-mhòr freagarrach ◆ a’ cur an cèill raon de bheachdan, bharailean agus adhbharan ◆ a’ taisbeanadh diofar argamaidean no bheachdan agus a’ tighinn gu co-dhùnadh ◆ a’ sgrìobhadh ann an dòigh eagraichte agus le structar math	◆ a’ nochdadh ìre mhath de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre. Faodaidh mearachdan uaireanan a’ toirt air falbh bhon bheachd iomlan ◆ a’ nochdadh ìre mhath de chruinneas ann an litreachadh agus, far a bheil e iomchaidh, òrdugh fhaclan	◆ a’ cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte san fharsaingeachd ◆ a’ cleachdadh raon de structaran ◆ a’ cleachdadh raon de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan (ma tha sin iomchaidh) agus feartan cànan eile ◆ uaireannan faodar structaran, gnìomhairean, msaa ath-aithris	16

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' dèiligeadh ris an tìotal gu ìre comasach ◆ a' cleachdadh susbaint a tha iomchaidh san fharsaingeachd ◆ a' cur an cèill cuid de bheachdan, bharailean agus adhbharan ◆ a' feuchainn ri diofar argamaidean no bheachdan a thaisbeanadh agus a' tighinn gu co-dhùnadh ◆ a' sgrìobhadh le mothachadh air structar agus tha sgrìobhadh sa mhòr-chuid eagraichte	◆ a' nochdadh ìre iomchaidh de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre, ged a tha mearachdan, a dh'fhaodadh a bhith mòr uaireannan, a' cur bacadh air a' bheachd iomlan ◆ a' nochdadh ìre freagarrach de chruinneas ann an litreachadh agus, far a bheil e iomchaidh, òrdugh fhaclan ◆ a' chleachdadh barrachd cànan ceart na tha ceàrr	◆ a' feuchainn ri cànan mionaideach agus iom-fhillte a chleachdadh ◆ a' feuchainn ri raon de structaran a chleachdadh ◆ a' cleachdadh beagan ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan (ma tha sin iomchaidh) agus feartan cànan eile ◆ faodar cànan a tha gu math ath-aithriseach a chleachdadh ◆ faodar cuid liostaichean a chleachdadh	12
◆ a' cleachdadh susbaint nach eil iomchaidh don tìotal aig amannan ◆ a' cur an cèill cuid de bheachdan, bharailean agus adhbharan cuibhrichte ◆ 's dòcha gum bi e doirbh dhaibh diofar argamaidean no bheachdan a thaisbeanadh agus a' tighinn gu co-dhùnadh ◆ a' sgrìobhadh le beagan structair agus 's dòcha nach eile an sgrìobhadh air a dheagh eagrachadh	◆ a' nochdadh ìre neo-iomchaidh de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre ◆ a' dèanamh mhearachdan, tòrr dhiubh a tha mòra agus a' cur bacadh air conaltradh ◆ a' nochdadh ìre neo-fhreagarrach de chruinneas ann an litreachadh agus, far a bheil e iomchaidh, òrdugh fhaclan ◆ faodar fianais a nochdadh air mì-chleachdadh an fhaclair ◆ faodaidh bacadh cànan eile a bhith ann	◆ a' cleachdadh beagan cànan mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' cleachdadh raon cuibhrichte de structaran ◆ a' cleachdadh àireamh cuibhrichte de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, agus feartan cànan eile ◆ a' cleachdadh cànan a tha gu ìre mhòr ath-aithriseach ◆ a' nochdadh cus earbsa ann an cleachdadh liostaichean	8

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint aig nach eil mòran buntainneas ris an tìotal ◆ a' cur an cèill cuid de bheachdan, bharailean agus adhbharan glè chuibhrichte ◆ a' taisbeanadh glè bheag de argamaidean no bheachdan agus tha duilgheadas aca tighinn gu co-dhùnadh ◆ a' nochdadh glè bheag de mhothachadh air structar no eagrachadh	◆ a' nochdadh fìor mhearachdan gràmair a rèir na h-ìre ◆ a' dèanamh fìor mhearachdan a chuireas bacadh air conaltradh air feadh ◆ nach eilear a' nochdadh ìre gu leòr de chruinneas ann an litreachadh agus, far a bheil e iomchaidh, òrdugh fhaclan ◆ a' nochdadh fianais air mì-chleachdadh an fhaclair ◆ faodaidh bacadh cànan eile a bhith ann	◆ a' cleachdadh glè bheag de chànan mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' cleachdadh raon glè chuibhrichte de structaran ◆ a' cleachdadh àireamh glè chuibhrichte de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, agus feartan cànan eile ◆ a' cleachdadh cànan ath-aithriseach	4
◆ a' cleachdadh susbaint nach eil iomchaidh don tìotal ◆ chan eilear a' cur an cèill bheachdan, barailean no adhbharan ◆ chan urrainn dhaibh argamaidean no beachdan sam bith a thaisbeanadh agus/no tighinn gu co-dhùnadh ◆ chan urrainn sgrìobhadh le structar no eagrachadh sam bith	◆ a' nochdadh glè bheag de dh'fhianais no gun fhianais air cruinneas gràmair a rèir na h-ìre ◆ duilgheadas mòr a' mhòr-chuid de dh'fhaclan a litreachadh gu ceart ◆ a' nochdadh beagan eòlais, no gun eòlas sam bith, air òrdugh fhaclan ◆ a' nochdadh fianais air mì-chleachdadh an fhaclair gu tric ◆ bacadh cànan eile ann gu tric	◆ nach eil a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' dèanamh glè bheag de dh'fheum no feum sam bith de structaran, gnìomhairean/foirmean gnìomhair agus feartan cànan eile	0

Structar measaidh a' chùrsa: còmhraidh

Còmhraidh

30 comharra

Tha an taisbeanadh na dheasbad anns an nuadh-chànan stèidhichte air co-dhiù dhà de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean an nuadh-chànan a chleachdadh gus na leanas a nochdadh:

- ◆ a' cleachdadh cànan labhairteach mionaideach agus iom-fhillte, mar phàirt de dheasbad air na co-theacsan taghte
- ◆ comas cànan a' chleachdadh gu ceart gus brìgh a thoirt seachad
- ◆ a' cumail eadar-obrachadh mar a tha iomchaidh don adhbhar

Tha riarachadh iomlan de 30 comharraaig an còmhraidh. Is e seo 25% de na comharra iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tar-shealladh air Còmhraidh

Bidh tagraichean a' gabhail pàirt ann an deasbad leis an tidsear no an òraidiche a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte air co-dhiù dà cho-theacsa eadar-dhealaichte, agus a' freagairt cheistean anns an nuadh-chànan co-cheangailte ri gach co-theacsa. Tha am fiosrachadh a tha ri roinn gu ìre mhòr de nàdar fìrinneach agus cuideachd a' toirt a-steach beachdan agus barailean. Faodaidh tagraichean ceistean fhaighneachd far a bheil sin iomchaidh tron dheasbad.

Comharraichidh tagraichean ro-làimh na co-theacsan agus leasachadh cuspair co-cheangailte airson an deasbaid. Bidh iad gan cur an cèill don tidsear no don òraidiche mus gabh iad pàirt anns an taisbeanadh-labhairt. Feumar na co-theacsan a chaidh a thaghadh a thoirt fa-near air clàr measaidh an tagraiche (no a leithid). Bidh tagraichean a' taghadh cho-theacsan bhon fheadhainn a tha air an gabhail a-steach sa chùrsa, agus bidh ullachadh gu ìre mhòr a' tachairt mar phàirt àbhaisteach de ionnsachadh is teagasg.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh an còmhraidh

Tha an taisbeanadh seo:

- ◆ air a sheatadh agus air a dhearbhadh bhon taobh a-muigh le SQA
- ◆ air a stiùireadh, air a chomharrachadh agus air a dhearbhadh air an taobh a-staigh ann an ionadan fo na cumhaichean a tha air an sònrachadh le SQA

Feumaidh clàradh fuaim no bhidio a dhèanamh den còmhraidh.

Tha fianais air a chomharrachadh air an taobh a-staigh le tidsearan agus òraidichean anns gach ionad a rèir stiùireadh air comharrachadh an SQA, agus tha e air a dhearbhadh càileachd le SQA.

Cumhaichean measaidh

Ùine

Is e tachartas measaidh singilte a tha sa mheasadh seo. Tha seo a' ciallachadh gum feum tagraichean am measadh a dhèanamh gun bhriseadh sam bith agus is dòcha nach bi ach aon oidhirp aca air an taisbeanadh-labhairt. Ma thogras ionadan, tha e ceadaichte ro-dheuchainn an taisbeanadh-labhairt a dhèanamh fhad 's a tha an susbaint eadar-dhealaichte bho shusbaint a' mheasaidh dheireannaich.

Bidh tagraichean a' cur crìoch air a' mheasadh aig àm iomchaidh den chùrsa.

Bu chòir don deasbad a bhith mu 10 mionaidean.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin a tha san ullachadh airson an còmhradh còmhla ri notaichean taic sam bith a chleachdar na lùib.

Bidh ionadan a' dèanamh measadh air an còmhradh a rèir stiùiridhean SQA, fo chumhachan fo stiùir agus fo smachd. Tha e cudromach gu bheil an còmhradh air a dhèanamh ann an àrainneachd iomchaidh, a' cur às do chomas aimhreitean agus fuaim cùl-raoin.

Goireasan

Mar chuideachadh don chuimhne, rè a' mheasaidh faodaidh tagraichean notaichean goirid a chleachdadh agus/no goireasan dealbhach a chleachdadh. Faodaidh tagraichean sùil a thoirt air suas ri còig cinn-fiosrachaidh gun a bhith nas fhaide na ochd faclan gach fear airson an cuideachadh. Is e brosnachaidhean a th' anns na cinn-fiosrachaidh agus cha bu chòir an leughadh a-mach facal air fhacal. Faodaidh iad seo a bhith anns an nuadh-chànan no sa Bheurla. Chan fheum notaichean sam bith a bhios tagraichean a' cleachdadh tron mheasadh a chur a-steach gu SQA airson adhbharan dearbhaidh.

Cuideachadh reusanta

Feumaidh tagraichean an ullachadh airson a' mheasaidh a dhèanamh gu neo-eisimeileach. Ach, faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus tòisich am pròiseas measaidh foirmeil. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' air a cleachdadh gus feuchainn ris an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a' seachnadh cus cuideachaidh. Ma tha feum aig tagraichean air barrachd air na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach bi iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an clàradh aig ìre ceàrr an teisteanais.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann de thagraichean. Faodaidh e cuideachd a bhith air a thoirt do thagraichean fa leth. Nuair a tha cuideachadh reusanta air a thoirt seachad mar neach-ri-neach ann an co-theacs rudeigin a tha an tagraiche air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh; feumaidh fios a bhith aig tidsearan no òraidichean gum faodadh seo a bhith a' dol nas fhaide na cuideachadh reusanta.

Tha e iomchaidh don tidsear no don òraidiche beachd a thoirt air na co-theacsan a thagh tagraiche mus tòisich iad air an obair ullachaidh airson an còmhraidh.

'S e dleastanas an tidseir no an òraidiche feuchainn ris an oidhirp as fheàrr aig na tagraichean a tharraing a-mach. Bu chòir dhaibh feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach tagraiche, ge bith dè an ìre coileanadh aca, na comasan aca a thaisbeanadh.

Gus an urrainn do thagraichean an dìcheall a dhèanamh, bu chòir don tidsear no don òraidiche oidhirp a dhèanamh gus tagraichean a chumail aig an socair. Gus tagraichean a shocrachadh a-steach don choileanadh aca, bidh an tidsear no an òraidiche a' tòiseachadh a' chòmhraidh le cuid de cheistean coitcheann, mar eisimpleir na tha na tagraichean ag ionnsachadh, am beachdan air càit a bheil iad a' fuireach, dè nì iad nan ùine shaor, planaichean san àm ri teachd, ach bu chòir dhaibh ceistean pearsanta a sheachnadh (teaghlach, msaa). Cha bu chòir don chiad earrann seo a' toirt nas fhaide na 2 mhionaid.

Tha e cudromach gum faighnich an tidsear no an t-òraidiche ceistean a tha cho fosgailte sa ghabhas. Cha bu chòir dhaibh greim a ghabhail air a' chòmhraidh, mar eisimpleir le bhith a' stad no ag ath-aithris cheistean nuair a tha e soilleir nach eil a chòrr aig tagraichean ri ràdh. Cha bu chòir don tidsear no don òraidiche leigeil le sàmhchair ro fhada a leantainn agus bu chòir dhaibh a bhith deònach cuideachadh a thoirt seachad ma tha sin iomchaidh: ag ath-mhìneachadh cheistean, a' tabhann briathrachas agus, ma tha e riatanach, a' gluasad an deasbaid air adhart. Cha bu chòir don tidsear no don òraidiche mearachdan a cheartachadh.

Bu chòir don taisbeanadh a' toirt mu 10 mionaidean. Chan eil ùine shònraichte ann airson deasbad mu cho-theacsan fa leth; tha e an urra ris an tidsear no an òraidiche seo a riaghladh gu h-iomchaidh. Bu chòir cus fhaid a sheachnadh, agus far a bheil e soilleir gu bheil duilgheadas aig tagraiche an còmhraidh a chumail suas bu chòir leantainn air adhart leis a' chòmhraidh cho fada 's as urrainn.

Fianais ri thional

Feumar an fhianais tagraiche a leanas airson a mheasadh seo:

- ♦ clàradh fuaim no bhidio den taisbeanadh, a bu chòir do dh'ionadan a chumail airson adhbharan dearbhaidh
- ♦ clàr measaidh tagraiche (no a leithid) a' toirt mion-fhiosrachadh air na co-theacsan a thagh an tagraiche agus anns a bheil na comharran airson an deasbaid. Bidh an tagraiche agus an tidsear no an òraidiche a' soidhneadh seo agus bidh an t-ionad ga chumail. Tha sampall de chlàr measaidh anns an obair mheasaidh còmhraidh

Meud

Chan eil seo a' buntainn ri taisbeanadh nan Nuadh-chànanan Àrd-ìre.

Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh

Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Bu chòir na prionnsapalan coitcheann seo a chuir an gnìomh an-còmhnaidh. Cleachd iad còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean tagraichean.

- a Cleachd comharrachadh deimhinneach an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharra far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharra air falbh airson mhearachdan no dearmadan
- b Bithear a' comharrachadh an taisbeanaidh a thaobh susbaint, cruinneas, goireas cànan agus eadar-obrachadh.
- c Bu chòir measadh a bhith iomlanach. Bidh neartan agus laigsean anns gach taisbeanadh; bu chòir do mheasadh cudrom a chur air na neartan cho fada 's a ghabhas, a' gabhail a-steach laigsean a-mhàin nuair a tha iad a' toirt buaidh mhòr air a' choileanadh iomlan. Faodar comharra an ìre as àirde a thoirt seachad eadhon ged a tha mearachdan beaga ann nuair nach toir iad sin air falbh bhon bheachd iomlan air an taisbeanadh.
- d Faodaidh tagraichean comas a thaisbeanadh thairis air barrachd air aon chomharra stèidhichte. Beachdaich gu faiceallach air a' chomharra iomlan as iomchaidh airson cunntas a thoirt air taisbeanadh an tagraiche.
Tha e an-còmhnaidh cudromach measadh a dhèanamh air dè as urrainn don tagraiche a dhèanamh, agus mar sin a' comharrachadh na tha deimhinneach.

Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Feumaidh an tidsear no an t-òraidiche an tuairisgeul air coileanadh agus an comharra a thaghadh a bheir cunntas nas mionaidiche air an fhianais a chaidh a chruinneachadh.

Bu chòir dhaibh an t-sreath a thaghadh an toiseach bho na clàran a leanas anns a bheil na tuairisgeulan a' freagairt nas dlùithe air coileanadh an tagraiche.

Aon uair 's gu bheil an t-sreath sin air a chomharrachadh:

- ♦ far a bheil an fhianais gu ìre mhòr a rèir nan tuairisgeulan thar gach taobh den choileanadh, thoir seachad an comharra as àirde den dà chomharra a tha rim faotainn
- ♦ far a bheil an fhianais gu ìre mhòr a rèir nan tuairisgeulan thar a' mhòr chuid den choileanadh, thoir seachad an comharra as ìsle den dà chomharra a tha rim faotainn
- ♦ ma tha teagamh ann dè an t-sreath a thèid a thaghadh à dà shreath a tha dlùth ri chèile: tagh an t-sreath àrd agus thoir seachad a' chomharra stèidhichte ìosal san t-sreath sin
- ♦ far nach eil tagraiche a' dèiligeadh ri co-dhiù dà cho-theacsa eadar-dhealaichte, is e 18 an comharra as àirde a tha ri fhaotainn

Tha fad an deasbaid timcheall air 10 mionaidean; chan eil peanas fèin-ghluasadach air a chuir an sàs ann an taisbeanaidhean a tha taobh a-muigh na h-ùine seo.

Is iad na h-ochd feartan de na ceithir taobhan den choileanadh:

Susbaint

- ♦ eagrachadh agus conaltradh bheachdan agus bharailean
- ♦ leasachadh agus bunatas bheachdan agus bharailean

Cruinneas

- ♦ briathrachas agus structaran
- ♦ fuaimneachadh agus tunnadh

Goireas cànan

- ♦ farsaingeachd agus raon de bhriathrachas agus structaran cànan air an cleachdadh

Eadar-obrachadh (mar fheart de shusbaint agus goireas cànan)

- ♦ tuigse air an nuadh-chànan
- ♦ a' cleachdadh an nuadh-chànain
- ♦ comas deasbad leantainneach a chumail suas

Anns an còmhradh aig Àrd-Ìre bidh tagraichean a' cleachdadh cànan **mionaideach agus iom-fhillte**.

Feumaidh tidsearan agus òraidichean na tuairisgeulan comharran stèidhichte a leanas a chleachdadh an co-bhonn ris a' chlàr gràmair, a tha air a sholarachadh ann an notaichean taic a' chùrsa.

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint a tha farsaing, iomchaidh agus eagraichte ◆ a' cur an cèill raon farsaing de bheachdan agus bharailean ◆ gu furasta a' dol nas fhaide na freagairtean as lugha ◆ gu furasta ag atharrachadh stuth ionnsaichte mar a bhios iomchaidh don deasbad ◆ a' dèiligeadh gu misneachail ri eileamaidean ris nach robh dùil ◆ a' nochdadh glè bheag de mhì-chinnt, ma tha idir ◆ gabhaidh iad fhèin an stiùir gu furasta ◆ a' dèiligeadh ri co-dhiù dà cho-theacsa	◆ a' nochdadh ìre fìor mhath de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre ◆ faodaidh beagan mhearachdan a bhith ann nach toir air falbh bhon bheachd iomlan ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a tha ceart gu leòr airson neach-labhairt a' chànain a thuigsinn gu furasta	◆ a' tuigsinn cha mhòr a h-uile rud a chaidh a ràdh sa bhad ◆ a' cleachdadh raon farsaing de chànain mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' cleachdadh raon farsaing de structaran ◆ a' cleachdadh raon farsaing de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan agus feartan cànan eile ◆ faodar cuid de ghnàthasan-cainnte agus abairtean a chleachdadh ◆ 's dòcha gun cleachd iad cuid eadar-churan agus/no ceanglaichean ◆ 's dòcha gun sir iad soilleireachd anns an nuadh-chànain bho àm gu àm	30 no 27

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint a tha an ìre-mhòr freagarrach agus eagraichte ◆ a' cur an cèill raon de bheachdan agus bharailean ◆ a' dol nas fhaide na freagairtean as lugha ◆ a' cleachdadh stuthan ionnsaichte ach chan ann an-còmhnaidh iomchaidh ◆ a' dèiligeadh ri eileamaidean ris nach robh dùil ◆ faodar còmhradh le beagan mì-chinnt ach faighinn seachad air gu soirbheachail ◆ gabhaidh iad fhèin an stiùir bho àm gu àm ◆ a' dèiligeadh ri co-dhiù dà cho-theacsa	◆ a' nochdadh ìre mhath de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre ◆ faodaidh mearachdan a bhith ann a bhios uaireanan a' toirt air falbh bhon bheachd iomlan ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a tha ceart gu leòr airson neach-labhairt a' chànain a thuigsinn	◆ a' tuigsinn cha mhòr a h-uile rud a chaidh a ràdh ◆ a' cleachdadh raon de chànain mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' cleachdadh raon de structaran ◆ a' cleachdadh raon de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan agus feartan cànan eile ◆ 's dòcha gum feuchar ri cuid de ghnàthasan-cainnte agus abairtean a chleachdadh ◆ 's dòcha gum feuchar ri cuid eadar-churan agus/no ceanglaichean a chleachdadh ◆ 's dòcha gun sir iad soilleireachd anns an nuadh-chànain	24 no 21

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint a tha iomchaidh agus eagraichte san fharsaingeachd ◆ a' cur an cèill cuid de bheachdan agus bharailean ◆ a' feuchainn ri dol nas fhaide na freagairtean as lugha ◆ a' dèiligeadh ri eileamaidean ris nach robh dùil, san fharsaingeachd ◆ faodar earbsa a chur ann an cleachdadh stuthan ionnsaichte ◆ mì-chinnteach bho àm gu àm, a' toirt buaidh air sruth an deasbaid ◆ faodar feuchainn ris an stiùir a ghabhail ach gun a bhith soirbheachail an-còmhnaidh ◆ 's dòcha nach eilear a' dèiligeadh ri co-dhiù dà cho-theacsa	◆ a' nochdadh ìre iomchaidh de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre ◆ a' dèanamh mhearachdan a tha a' cur bacadh air a' bheachd iomlan ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a tha ceart gu leòr airson neach-labhairt a' chànain a thuigsinn, ged is dòcha nach bi cuid de phuingean soilleir sa bhad	◆ a' tuigsinn a' mhòr-chuid de na chaidh a ràdh ◆ a' feuchainn ri raon de chànain mionaideach agus iom-fhillte a chleachdadh ◆ a' feuchainn ri raon de structaran a chleachdadh ◆ a' cleachdadh beagan ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan agus feartan cànan eile ◆ a' cleachdadh cànan a tha 's dòcha ath-aithriseach ◆ 's dòcha gum bi feum air brosnachadh agus/no ath-aithris bho àm gu àm ◆ 's dòcha gum feuchar ri cuid eadar-churan agus/no ceanglaichean a chleachdadh, ach gun a bhith soirbheachail a h-uile turas ◆ 's dòcha gum feuchar ri soilleireachd a shireadh anns an nuadh-chànain bho àm gu àm	18 no 15

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint nach eil iomchaidh agus eagraichte ◆ a' cur an cèill cuid de bheachdan agus bharailean cuibhrichte ◆ chan eilear san fharsaingeach a' dol nas fhaide na freagairtean as lugha ◆ duilgheadas a' dèiligeadh ri cuid de na h-eileamaidean ris nach robh dùil ◆ a' cur cus earbsa ann an cleachdadh stuthan ionnsaichte ◆ mì-chinnteach ann an iomadh fhreagairt, a' toirt buaidh air sruth an deasbaid ◆ cha gabh fhèin an stiùir ach ainneamh ◆ 's dòcha nach eilear a' dèiligeadh ri co-dhiù dà cho-theacsa	◆ a' nochdadh ìre fìor mhath de chruinneas gràmair a rèir na h-ìre ◆ a' dèanamh mearachdan a chuireas bacadh air conaltradh gu tric ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a tha san fharsaingeachd ceart gu leòr airson neach-labhairt a' chànain a thuigsinn ged is dòcha nach bi cuid de phuingean soilleir sa bhad	◆ is dòcha gum bi duilgheadas aca a' tuigsinn a' mhòr-chuid de na chaidh a ràdh ◆ a' cleachdadh beagan cànan mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' cleachdadh raon cuibhrichte de structaran ◆ a' cleachdadh àireamh cuibhrichte de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan agus feartan cànan eile ◆ feumach air beagan brosnachaidh agus/no ath-aithris ◆ tric a' cleachdadh cànan nach eil iomchaidh don ìre ◆ 's dòcha gun sir iad soilleireachd anns an nuadh-chànan ach gun a bhith soirbheachail tric	12 no 9

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint a tha bunaiteach, neo-iomchaidh agus neo-eagraichte ◆ a' cur an cèill bheachdan agus bharailean le duilgheadas ◆ chan urrainnear a dhol nas fhaide na bhith a' cleachdadh stuthan ionnsaichte ◆ duilgheadas le bhith a' dèiligeadh ris a' mhòr-chuid de dh'eileamaidean ris nach robh dùil ◆ mì-chinnteach troimhe, a' toirt buaidh mhòr air sruth an deasbaid ◆ cha ghabh fhèin an stiùir ◆ 's dòcha nach eilear a' dèiligeadh ri co-dhiù dà cho-theacsa	◆ a' nochdadh fìor mhearachdan gràmair a rèir na h-ìre ◆ a' dèanamh mhearachdan a chuireas bacadh air conaltradh air feadh ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd nach eil gu tric ceart gu leòr airson neach-labhairt a' chànain a thuigsinn, agus nach bi mòran puingean soilleir	◆ is dòcha gum bi duilgheadas aca a' tuigsinn a' mhòr-chuid de na chaidh a ràdh ◆ a' cleachdadh glè bheag de chànain mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' cleachdadh raon glè chuibhrichte de structaran ◆ a' cleachdadh àireamh glè chuibhrichte de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan agus feartan cànan eile ◆ feumach air brosnachaidh agus/no ath-aithris gu tric ◆ a' cleachdadh cànan san fharsaingeach nach eil iomchaidh don ìre ◆ faodaidh bacadh cànan eile a bhith ann ◆ 's dòcha nach sir iad soilleireachd anns an nuadh-chànain	6 no 3

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint a tha bunaiteach, neo-iomchaidh agus neo-eagraichte ◆ nach eilear a' cur an cèill cuid de bheachdan agus bharailean ◆ nach eilear a' dèiligeadh ri eileamaidean neo-fhaicsinneach ◆ mì-chinnteach troimhe, a' toirt buaidh mhòr air conaltradh ◆ chan urrainn dhaibh fhèin an stiùir a ghabhail ◆ 's dòcha nach eilear a' dèiligeadh ri co-dhiù dà cho-theacsa	◆ a' cleachdadh cànan a tha cha mhòr ceàrr air fad ◆ a' dèanamh fìor mhearachdan a chuireas bacadh mhòr air conaltradh air feadh ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd nach eil ceart gu leòr airson neach-labhairt a' chànan a thuigsinn	◆ chan urrainnear mòran de na chaidh a ràdh a thuigsinn ◆ chan eilear a' cleachdadh cànan mionaideach agus iom-fhillte ◆ a' cleachdadh glè bheag de structaran, ma tha gin idir ann ◆ a' cleachdadh glè bheag de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan agus feartan cànan eile ◆ feumach air brosnachaidh agus/no ath-aithris glè thrìc ◆ a' cleachdadh cànan nach eil iomchaidh don ìre ◆ faodaidh iomadh bacadh cànan eile a bhith ann ◆ nach urrainn soilleireachadh a shireadh anns a' chànan ùr	0

Rangachadh

Tha ìrean iomlan nan tagraichean air an dearbhadh a rèir an coileanaidh thar measadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa air a rangachadh A–D a rèir a' chomharra iomlain airson a h-uile phàirt de mheasadh a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson C

Aig ìre C, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh coileanadh soirbheachail de sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson A

Aig ìre A, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh ìre chunbhalach àrd de sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Co-ionannachd agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dhealbh airson a bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas.

Tha ar [Poileasaidh Co-ionannachd Ruigsinn do Theisteanasan SQA](#) a' soilleireachadh ar dealas do:

- ♦ Achd Co-ionannachd 2010
- ♦ foghlam an aghaidh cinneachas
- ♦ dìon còraichean chloinne
- ♦ parantachd corporra

Bu chòir beachdachadh air feumalachdan gach tagraiche nuair a bhios tu ag ullachadh cothroman ionnsachaidh, a' cruthachadh goireasan-ionnsachaidh, no a' taghadh teacsaichean.

Tha stiùireadh mu rèiteachaidhean measaidh do thagraichean le ciorram agus an fheadhainn aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd ri fhaighinn air [duilleag-lìn nan rèiteachaidhean measaidh](#).

Tuilleadh fiosrachaidh

- ♦ [Rèiteachaidhean measaidh](#)
- ♦ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ♦ [Stiùireadh air cumhaichean measadh airson obair-chùrsa](#)
- ♦ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ♦ [Rannsachadh SQA a rinneadh o chionn ghoirid](#)
- ♦ [Measadh aig astar](#)
- ♦ [Leabhar-làimhe SCQF](#)
- ♦ [Ìre gach teisteanas a rèir — Frèam-obrach Chreideis is Theisteanasan na h-Alba](#)
- ♦ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)

Pàipear-taic 1: notaichean taice a' chùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taice seo àithnteil. Bidh iad a' toirt comhairle agus stiùireadh do thidsearan agus òraidichean mu dhòighean air an tèid an cùrsa a lìbhrigeadh. Bu chòir an leughadh an co-bhonn ris an t-sònrachadh cùrsa agus an eisimpleir de phàipear nan ceistean agus/no obair-chùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse

Tha an earrann seo a' toirt seachad tuilleadh comhairle agus stiùiridh mu sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh a bhith sa chùrsa. Tha sùbailteachd nach beag aig tidsearan agus òraidichean gus co-theacsan a thaghadh a bhrosnaicheas agus a bheir dùbhlann do thagraichean, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Tha na leanas a' toirt geàrr-chunntas air na sgilean, eòlas agus tuigse a chaidh a leasachadh sa chùrsa:

- ◆ sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh ann an nuadh-chànan ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar
- ◆ a' cur an gnìomh eòlas agus tuigse air cànan mionaideach agus iom-fhillte gus nuadh-chànan a thuigsinn agus a chleachdadh
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse air cànan gus cànan mionaideach agus iom-fhillte eadar-theangachadh
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse gràmair

Tha eòlas gràmair anns a' chlàr gràmair (pàipear-taic 2).

Bithear a' cruthachadh fianais bho mheasadh cùrsa anns na co-theacsan a leanas: comann-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar. Tha cuspairean a thathar a' moladh agus leasachadh chuspairean anns a' chlàr co-theacsan, cuspairean agus leasachadh chuspairean (pàipear-taic 3).

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg

Bidh tidsearan agus òraidichean a' cleachdadh am breithneachadh proifeasanta ann a bhith a' dealbhadh agus a' lìbhrigeadh a' chùrsa gus am bi e iomchaidh, buntainneach agus brosnachail do thagraichean.

Bheir ionnsachadh mu Alba agus cultar na h-Alba beairteas do eòlas thagraichean agus cuidichidh e iad gus sgilean ionnsachadh, beatha agus cosnadh a leasachadh. Bidh feum aca air na sgilean sin airson an àite a ghabhail ann an Alba eadar-mheasgte, in-ghabhalach agus com-pàirteachail agus nas fhaide air falbh. Far a bheil cothroman ann modhan

ionnsachaidh agus teagaisg a chur ann an co-theacsan Albannach, bu chòir do thidsearan is òraidichean beachdachadh air seo.

Bithear a' cruthachadh fianais bho mheasadh cùrsa anns na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar. Taghaidh tidsearan agus òraidichean measgachadh de chuspairean a tha tarraingeach agus brìghmhor do thagraichean. Tha e cudromach gun tèid cuspairean a libhrigeadh aig ìre iomchaidh agus gum bi tagraichean air am brosnachadh gu bhith dol an sàs ann an cuspairean ann an dòighean eadar-dhealaichte aig diofar ìrean.

Tha an cùrsa a' tabhann mòran chothroman airson pearsanachadh agus roghainn, mar eisimpleir:

Faodaidh tagraichean:

- ♦ co-theacsan agus cuspairean a thaghadh
- ♦ cothroman airson roghainn a thaobh libhrigeadh a' chùrsa far a bheil sin iomchaidh, mar eisimpleir a' taghadh freagairt labhairteach no ann an sgrìobhadh
- ♦ a' cruthachadh an targaidean/planaichean ionnsachaidh fhèin airson an cànan ionnsachadh

Faodaidh tidsearan agus òraidichean:

- ♦ a' toirt fios air ais fa leth do thagraichean
- ♦ a' toirt seachad stuthan agus dòighean-obrach eadar-dhealaichte
- ♦ a' taghadh nam modhan measaidh as iomchaidh, a' gabhail a-steach feumalachdan fa leth nan tagraichean

Faodaidh eisimpleirean de chothroman tagraiche fhad 's a tha iad ag ionnsachadh cànan a' gabhail a-steach:

- ♦ ag àrdachadh sgilean conaltraidh tro leasachadh cunbhalach air leughadh, èisteachd, labhairt, sgrìobhadh agus fuaimneachadh
- ♦ a' leasachadh eòlas air structar an nuadh-chànain agus mar a tha e a' buntainn ris a' chànan aca fhèin
- ♦ a' togail mothachadh air cultaran eile agus saoranachd eadar-nàiseanta
- ♦ a' leasachadh sgilean coitcheann leithid a bhith ag obair còmhla ri daoine eile, a' rannsachadh, a' taisbeanadh fiosrachaidh agus sgilean ICT

Far a bheil goireasan a' ceadachadh, agus far a bheil sin iomchaidh, bu chòir do dh'ionadan teicneòlas a chleachdadh cho mòr 's as urrainn gus taic a thoirt do ionnsachadh, teagasg agus measadh. Tha seo a' gabhail a-steach:

- ♦ a' cur ri chèile agus a' cumail suas pasganan-d
- ♦ rannsachadh stèidhichte air an eadar-lìon
- ♦ gnìomhan cànan eadar-ghnìomhach leithid earrannan lìonadh-nam-bearnan ann an cruth dealanach

- ◆ ag èisteachd agus a' freagairt ri agus/no a' cruthachadh podcastan
- ◆ ionnsachadh stèidhichte air geamaichean
- ◆ a' cleachdadh àrainneachdan ionnsachaidh mas-fhìor
- ◆ co-labhairt bhidio
- ◆ a' cleachdadh làraich-lìn stèidhichte air cànan gus briathrachas thagraichean a leasachadh
- ◆ a' cleachdadh làraich-lìn gus an cànan labhairteach a chlàradh gus eòlas ionnsachaidh eadar-ghnìomhach ceist/freagairt a chruthachadh
- ◆ a' cur a-steach obair mheasaichte tro àrainneachd ionnsachaidh mas-fhìor/post-d
- ◆ a' cleachdadh mheadhanan leithid telebhisean, film, rèidio agus làraich-lìn anns an nuadh-chànan

A' Cruthachadh fianais

Bu chòir do thidsearan is òraidichean a bhith ag amas air tagraichean a chuideachadh a dhol air adhart tron chùrsa aig an astar fhèin agus gus an urrainn dhaibh an coileanadh a shealltainn ann an diofar dhòighean. Bu chòir sgilean a bhith air an teagasg ann an dòigh còmhla agus bidh an ùine a thèid a chaitheamh air gach fear an urra ri feumalachdan nan tagraichean agus na sgilean, eòlas agus tuigse a bh' aca roimhe. Bu chòir leughadh, èisteachd, còmhradh, agus sgrìobhadh a bhith air an leasachadh agus air an cleachdadh anns an dòigh as iomchaidh.

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: leughadh

Sgilean leughaidh

Leasaichidh tagraichean an sgilean leughaidh le bhith a' faighinn cothrom air raon cho farsaing 's a ghabhas de stuthan a tha iomchaidh don ìre, mar eisimpleir:

- ◆ comas ullachadh airson leughadh a leasachadh, mar eisimpleir a' còmhradh air cuspair earrann no a' ro-innse dè an cànan/beachdan a dh'fhaodadh a bhith ann an earrann
- ◆ a' sganadh airson fiosrachadh sònraichte
- ◆ a' grad-leughadh airson brìgh agus prìomh bheachdan earrann leughaidh
- ◆ a' tarraing air eòlas air Beurla agus cànanan eile gus tuigse a chuideachadh
- ◆ a' dèanamh feum èifeachdach de stuthan fiosrachaidh, mar eisimpleir beag-fhaclair ean agus faclair dà-chànanach
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse air gràmar agus structar cànan gus tuigse agus eadar-theangachadh a chuideachadh
- ◆ a bhith mothachail air adhbhar agus stoidhle pìos leughaidh airson fiosrachaidh, airson obair, airson tlachd
- ◆ a' leughadh measgachadh de sheòrsan agus stoidhlichean theacsaichean, leithid teacsaichean fiosrachaidh, ficsean, leabhraichean, stiùireadh, bileagan
- ◆ a' toirt beachd pearsanta air teacsa
- ◆ a' toirt a-mach bheachdan agus structaran airson an cleachdadh ann an raointean sgìil eile, leithid labhairt agus sgrìobhadh

Gnìomhachdan leughaidh

Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan leughadh gabhail a-steach:

- ◆ a' leughadh teacsa agus a' freagairt ceistean
- ◆ a' dèanamh geàrr-chunntas de theacsa, labhairteach no ann an sgrìobhadh
- ◆ a' dèanamh coimeas eadar dà thùs le bhith a' faighneachd dè am fiosrachadh a tha eadar-dhealaichte/an aon rud
- ◆ a' cleachdadh gnìomhachdan ro-leughaidh, mar eisimpleir a' còmhraidh air cuspair pìos no a' ro-innse dè an cànan/beachdan a dh'fhaodadh a bhith ann an earrann
- ◆ a' comharrachadh cànan no beachdan sònraichte ann an teacsa
- ◆ gnìomhachdan teacsa lìonadh-nam-bearnan
- ◆ ag eadar-theangachadh earrannan teacsa goirid gu Beurla
- ◆ ag aithneachadh briathrachas agus bheachdan feumail a dh'fhaodar a leasachadh agus a chleachdadh ann an co-theacsan eile, mar eisimpleir le bhith a' gabhail notaichean
- ◆ a' leughadh airson tlachd, mar eisimpleir a' toirt beachd air leabhar, airtigeal no tùs sgrìobhte eile

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: èisteachd

Sgilean èisteachd

Faodaidh tagraichean sgilean èisteachd a leasachadh tro:

- ◆ a bhith mothachail air fuaimneachadh fhuaimnean, fhacail agus abairtean fa leth agus a bhith comasach air am facal labhairteach a cheangal ris an fhacal sgrìobhte
- ◆ a bhith mothachail air mòdh agus pàtrain cainnte, mar eisimpleir ag aithneachadh an eadar-dhealachaidh eadar aithris agus ceist
- ◆ ag aithneachadh mìneachadh faireachdainn tro chànan leithid àbhachdas, toileachas, dealas, bròn, fearg, buaireadh
- ◆ ag èisteachd ri agus a' tuigsinn na tha cuidegin ag ràdh riutha agus a' freagairt gu h-iomchaidh agus anns a' ghuth ceart
- ◆ ag aithneachadh cànan bodhaig agus fiamh aodainn gus cuideachadh le tuigse
- ◆ ag amas air agus a' taghadh prìomh fhiosrachadh
- ◆ ag aithneachadh briathrachas agus bheachdan feumail a dh'fhaodar a leasachadh agus a chleachdadh ann an co-theacsan eile, mar eisimpleir le bhith a' gabhail notaichean
- ◆ ag èisteachd airson tlachd, mar eisimpleir a' toirt beachd air prògram telebhisean no pod-chraoladh

Gnìomhachdan èisteachd

Faodaidh tagraichean an sgilean èisteachd a leasachadh ann an co-theacs eadar-obrachaidh no deasbaid. Le bhith a' dèanamh na h-eadar-obrachaidhean agus/no còmhraidhean sin firinneach agus brìoghmhor, cuidichidh sin tagraichean ullachadh airson an èisteachd a chur ann an co-theacsa. Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan èisteachd gabhail a-steach:

- ◆ ag èisteachd ri, agus a' tuigsinn, na tha cuideigin ag ràdh, agus a' freagairt gu h-iomchaidh anns a' Bheurla no san nuadh-chànan
- ◆ a' tuigsinn mar a chuidicheas gnàthasan neo-labhairteach leithid cànan bodhaig agus fiamhan aodainn gus brìgh obrachadh a-mach
- ◆ ag amas air agus a' taghadh prìomh chànan, fiosrachadh agus beachdan
- ◆ ag èisteachd ri fhèin-labhairtean agus còmhraidhean agus an uairsin, mar eisimpleir, a' freagairt cheistean mu na chuala iad no a' dèanamh notaichean gus còmhradh air na chuala iad

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: còmhradh

Sgilean còmhradh

Faodaidh tagraichean na sgilean còmhradh aca a leasachadh san nuadh-chànan le bhith a' còmhradh leotha fhèin no taobh a-staigh eadar-obrachadh, malairt, còmhradh no deasbad. Faodaidh eadar-obrachadh a bhith ann le tagraiche eile, tidsear no òraidiche, no neach-cuideachaidh cànan. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean tagraichean a bhrosnachadh gu bhith a' conaltradh gu soilleir agus gheibh iad cothroman na sgilean còmhradh aca a chleachdadh gus misneachd a thogail. Faodaidh fèin-luachadh agus measadh cho-aoisean taiceil a thoirt do thagraichean ann a bhith a' togail misneachd agus a' comharrachadh raointean airson leasachadh.

Brosnaichidh co-theacsan còmhraidh tagraichean ma tha iad brìoghmhor agus buntainneach.

Is dòcha gu feum tagraichean taic ann a bhith a' còmhradh, gu h-àraidh far nach eil misneachd aca. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean beachdachadh cuideachd air dynamics buidhne, mar eisimpleir taghadh cuspair airson deasbaid, cruth an t-seòmair, meud buidhne, gnè agus aois. Thèid taic a thoirt do thagraichean le bhith a' ceadachadh pearsanachadh agus roghainn a thaobh cuspair, co-theacsa agus luchd-amais.

Faodaidh tagraichean sgilean còmhradh a leasachadh tro:

- ◆ a' gabhail pàirt ann an còmhradh
- ◆ a bhith mothachail air fuaimneachadh fhuaimean agus fhaclan fa leth, agus gan dèanamh fhèin so-thuigsinneach nuair a bhios iad a' leughadh a-mach no nuair a bheir iad freagairt do neach eile ann an còmhradh no cluich-riochd
- ◆ a' cleachdadh briathrachais agus structaran cànan a chaidh a chruinneachadh bho ghnìomhan èisteachd is leughaidh
- ◆ a bhith mothachail air cainnt agus a' cleachdadh guth iomchaidh
- ◆ a bhith mothachail air luchd-èisteachd agus adhbhar

- ♦ a' leasachadh sgilean deasbaid anns an nuadh-chànan
- ♦ a' cleachdadh gnàthasan neo-labhairteach, leithid cànan bodhaig agus faireachdainn aghaidh, gus conaltradh a chuideachadh
- ♦ a' cleachdadh eòlas air gràmar agus structaran cànan gus còmhraidh gu mionaideach

Gnìomhachdan còmhraidh

Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan còmhraidh gabhail a-steach:

- ♦ a' còmhraidh mu eòlas fa leth no a' toirt seachad fiosrachadh
- ♦ a' deasbad le co-aoisean no le tidsear no òraidiche
- ♦ pod-craolaidhean
- ♦ agallamhan meallta agus cluich-riochdan
- ♦ còmhraidhean buidhne
- ♦ còmhraidhean/co-labhairtean lìn
- ♦ còmhraidhean gutha air loidhne

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: sgrìobhadh

Sgilean sgrìobhaidh

Bu chòir do thidsearan agus òraidichean tagraichean a bhrosnachadh an sgrìobhadh aca a phlanadh, mar eisimpleir le bhith a' togail eòlas air briathrachas iomchaidh, gràmar agus structaran cànan cuideachail. Ann a bhith a' planadh agus ag ullachadh airson sgrìobhadh, bu chòir do thagraichean beachdachadh air an luchd-èisteachd agus adhbhar an sgrìobhaidh.

Faodaidh tagraichean stuthan fiosrachaidh a chleachdadh leithid liostaichean fhaclan no faclairan agus bu chòir dhaibh feuchainn ri faclan is abairtean 'ath-chuairteachadh', mar eisimpleir le bhith gan cur an sàs agus gan leasachadh ann an co-theacsan ùra.

Faodaidh tagraichean sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro:

- ♦ a bhith mothachail gum bi buaidh aig an luchd-èisteachd air a bheilear ag amas agus an adhbhar airson pìos sgrìobhaidh a sgrìobhadh air an t-seòrsa cànan a thathar a' cleachdadh
- ♦ a' sealltainn cruinneas ann an litreachadh, mothachadh gràmair
- ♦ a' sealltainn mothachadh air structar seantansan
- ♦ a' cleachdadh stuthan fiosrachaidh, leithid faclair dà-chànanach, beag-fhaclairan agus liostaichean briathrachais
- ♦ a' cur briathrachais agus structaran cànan an gnìomh a chaidh a chruinneachadh bho ghnìomhan èisteachd is leughaidh
- ♦ a' nochdadh deagh fheum de sgilean rannsachaidh
- ♦ a' dreachdadh, a' deasachadh agus a' fèin-mheasadh an cuid sgrìobhaidh

Gnìomhachdan sgrìobhaidh

Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan sgrìobhaidh gabhail a-steach:

- ♦ a' sgrìobhadh gus diofar bheachdan a thaisbeanadh
- ♦ a' sgrìobhadh gus co-dhùnidhean a tharraing
- ♦ a' dèanamh mion-sgrùdadh air teacsa a chaidh a sgrùdadh roimhe
- ♦ a' sgrìobhadh geàrr-chunntas air freagairt film
- ♦ a' meorachadh air eòlas obrach
- ♦ a' sgrìobhadh mu dhreuchdan agus/no ionnsachadh cànan san àm ri teachd

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Pàipear cheistean leughaidh agus sgrìobhaidh stiùirichte

Mar ullachadh airson a' phàipear cheistean leughaidh, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean na leanas a chleachdadh:

- ♦ a' freagairt sa Bheurla do cheistean sa Bheurla
- ♦ a' leughadh bheachdan agus/no rùintean air an cur an cèill no tachartasan air an aithris anns an nuadh-chànan
- ♦ a' dèanamh notaichean ann am Beurla fo chinn a chaidh a thoirt seachad
- ♦ a' freagairt ri diofar sheòrsaichean cheistean
- ♦ a' cleachdadh faclair dà-chànanach
- ♦ ag eadar-theangachadh earrannan teacsa goirid gu Beurla

Ann an ullachadh airson a' phàipear cheistean sgrìobhaidh stiùirichte, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean na leanas a chleachdadh:

- ♦ a' freagairt ri raon de bhrosnachaidhean
- ♦ a' dèiligeadh ri puingeann, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad dà phios fiosrachaidh airson a' chiad phuing
- ♦ a' cleachdadh fiosrachaidh, bheachdan agus cànan gus sgrìobhadh a leasachadh anns an nuadh-chànan
- ♦ a' cur an cèill bheachdan, barailean agus a' toirt cunntas air àiteachan agus/no tachartasan anns na tràthan caithte iomchaidh
- ♦ a' cleachdadh tràthan eile

Pàipear cheistean èisteachd

Ann an ullachadh airson a' phàipear cheistean èisteachd, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean na leanas a chleachdadh:

- ♦ a' freagairt sa Bheurla do cheistean sa Bheurla
- ♦ ag èisteachd ri beachdan/rùintean air an cur an cèill no tachartasan air an aithris anns an nuadh-chànan
- ♦ a' dèanamh notaichean ann am Beurla fo chinn a chaidh a thoirt seachad

- ◆ a' ceangal an ni a chluinnear ris an fhacail sgriobhta anns an nuadh-chànan
- ◆ a' freagairt ri diofar sheòrsaichean cheistean

Tha eisimpleirean de phàipearan-cheistean agus seann phàipearan air am foillseachadh air [Duilleag a' chuspair Nuadh-chànanan Àrd-ìre](#).

Obair shònraichte–sgriobhadh

Ann an ullachadh airson na h-obrach shònraichte–sgriobhadh, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean na leanas a chleachdadh:

- ◆ ag ath-chleachdadh bheachdan, briathrachas agus structaran bho sgilean eile
- ◆ a' deasbad no a' toirt seachad diofar bheachdan a' cleachdadh dhòighean agus cànan falbhach
- ◆ a' cleachdadh còd leasachadh sgrìobhaidh no a leithid
- ◆ a' dreachdadh agus ath-dhreachdadh stèidhichte air fios air ais
- ◆ a' cleachdadh stuthan fiosrachaidh gu h-iomchaidh
- ◆ a' cleachdadh eòlas gràmair ann an sgrìobhadh

Thoiribh sùil air [obair measadh na h-obrach shònraichte–sgriobhadh](#) airson tuilleadh fiosrachaidh.

Còmhradh

Ann an ullachadh airson a' chòmhradh, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean na leanas a chleachdadh:

- ◆ a' cleachdadh cànan san nuadh-chànan ann an deasbad
- ◆ ag èisteachd ri daoine eile a' còmhradh agus a' freagairt gu h-iomchaidh
- ◆ a' cleachdadh dhòighean tàraidh gus eadar-obrachadh a chumail suas
- ◆ a' cleachdadh dhòighean neo-labhairteach, mar eisimpleir seallaidhean aghaidh agus cànan bodhaig gus brìgh a mheasadh agus a thoirt seachad

Feumaidh tagraichean a dhol thairis air dà cho-theacsa anns an còmhradh. Mura dèan iad sin faodar peanas a chur an sàs. Feumaidh tidsearan agus òraidichean fios a thoirt dha na tagraichean mu dheidhinn seo.

Tha seo air a mhìneachadh anns an 'Stiùireadh do thagraichean' ann an [gnìomh measaidh còmhradh](#).

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Bu chòir dhut cothroman a chomharrachadh air feadh a' chùrsa airson tagraichean a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bu chòir fios a bhith aig tagraichean mu na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tu comhairle a thoirt seachad mu chothroman gus an cleachdadh agus an leasachadh.

Chan eil SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir na dòigh-obrach a bhios gach ionad a' cleachdadh gus an cùrsa a lìbhrigeadh. Tha seo airson tidsearan is òraidichean fa leth a riaghladh.

Tha an clàr gu h-ìosal a' toirt seachad molaidhean air mar a thèid na sgilean sin a leasachadh sa chùrsa.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
4.6 Saoranachd Tha saoranachd a' gabhail a-steach a bhith draghail mun àrainneachd agus mu dhaoine eile; a bhith mothachail air còraichean agus dleasan; a bhith mothachail air a' chomann dheamocratach; a bhith a' coimhead a-mach air a' chomann-shòisealta; a bhith comasach air an àite pearsanta aithneachadh sa cho-theacsa seo; a bhith mothachail air cùisean cruinneil; a' tuigsinn nan dleasan a th' agad taobh a-staigh iad sin, agus ag obair gu ciallach.	Ionnsaichidh tagraichean mu chultar, nòsan, cleachdaidhean agus creideasan dùthaich eile agus leasaichidh iad na ceithir sgilean cànan agus eòlas ann an cànan eile. Leasachaidh na co-theacsan: comann-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar taobh a-staigh a' chùrsa tuigse nan tagraiche air cùisean saoranachd ann an dùthaich eile a bharrachd air a bhith a' brosnachadh tuigse mun chultar agus mun choimhearsnachd aca fhèin.
5.3 Cur an gnìomh Is e cur an gnìomh an comas fiosrachadh a th' agad a chleachdadh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadas ann an co-theacsa eadar-dhealaichte, agus gnìomh a phlanadh, eagrachadh agus a chrìochnachadh.	Far an gabh sin dèanamh, bu chòir do thidsearan agus òraidichean cothrom a thoirt do thagraichean na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha iad air a leasachadh a chur an sàs ann an cuspairean agus co-theacsan ùra. Cleachdaidh tagraichean na tha fios aca mu thràth, mar eisimpleir nuair a chleachdas iad structar air a bheil iad eòlach airson sgrìobhadh ach a chleachdas iad susbaint eadar-dhealaichte. Leasaichidh tagraichean cuideachd an comas air gnìomhan a phlanadh, a chur air dòigh agus a chrìochnachadh nuair a bhios iad a' gabhail os làimh gnìomhan cànan, mar eisimpleir a' dealbhadh duilleag-lìn anns an nuadh-chànan. Cleachdaidh tagraichean na sgilean cànan aca ann am measadh a' chùrsa.

Pàipear-taic 2: clàr gràmair

Gnìomhairean

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-ìre	Àrd-ìre Adhartach
Neach	Tha an neach a tha an sàs ann air a chomharrachadh gu soilleir le riochdaire agus/no ainmear. Tha brìgh a' ghnìomhair soilleir.	Beachd air crìoch ghnìomhairean airson ghnìomhairean riaghailteach agus ghnìomhairean neo-riaghailteach cumanta. Feumaidh neach a bhith soilleir bhon ghnìomhair mura h-eil an cànan a' cleachdadh ainmearan mar as trice.		Gnìomhairean neo-riaghailteach nach eil cho cumanta.	
Àm	Is dòcha gu bheil an ùine neo-shoilleir bhon ghnìomhair. Faodaidh faclan ùine eile an t-àm a dhèanamh follaiseach.	Bun-bheachd air tràth làthaireil, teachdail agus caithte soilleir bhon ghnìomhair (ged a dh'fhaodadh a bhith gu math mearachdach ann an cruth). Meudachadh cruinneas foirm ann an ghnìomhairean riaghailteach agus an uair sin ghnìomhairean neo-riaghailteach cumanta agus nach eil cho cumanta.	Anns an fharsaingeachd riochdan aithnichte de: tràth làthaireach tràth teachdail sa bhad (no tràth teachdail) tràth coileanta tràth neo-choileanta	tràth teachdail tràth ro-làn (no tràth co-ionann)	tràthan caithte eile
Modh/ mòd	Beachdan air thoil (bu thoil...); a bhith comasach air; modh òrdaingheach (feumar rudeigina a dhèanamh...) mar a chaidh ionnsachadh ann an abairtean cumanta.	Beagan cleachdadh de chruthan ghnìomhairean.	Smachd air ghnìomhairean mòdach ann an tràthan cumanta. (gnìomhairean) a' mìneachadh creideamhan, beachdan tràth cumhach no tràth co-ionann (ma tha seo iomchaidh)	(gnìomhairean) a' mìneachadh faireachdainnean, dòchasan ag aithris beachdan no cainnt aig daoine eile	mòdan ann an tràthan nach eil cho cumanta foirmean fo-leantach
Òrdughan	Òrdughan singilte/iolra cumanta.	Riaghailtean òrdugh airson ghnìomhairean cumanta neo-riaghailteach/riaghailteach.			

Ainmearan

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-ìre	Àrd-ìre Adhartach
Gnè		Beachd air gnè; a' cuimhneachadh nam faclan cumanta.	Cuid cleachdaidhean àbhaisteachd air gnè, le cruinneas a' fàs nas cumanta ann an ainmearan fa leth.		
Àireamh	Singilte/iolra air a chomharrachadh le ainmear, no alt no àireamh no deireadh airson faclan cumanta.	Ainmearan cumanta le iolra neo-riaghailteach.	Riaghailtean air cruthan iolra.		
Tuiseal	←-----	Ma tha e iomchaidh, tha an tuiseal air a dhèanamh follaiseach gu leòr gus brìgh shoilleir a thoirt seachad leis an ainmear no leis an alt mar a dh'fheumar.	Beachd tuiseal air a nochdadh le ainmear no mion-atharraiche mar a bhios iomchaidh.		

Riochdairean

Cuspair/ cùisear/	(Faic neach a' ghnìomhair gu h-àrd) Ma tha e iomchaidh, comasach diofar a dhèanamh eadar <i>mi/thu/sinn/iad</i> mar cùisear no cuspair.	Riochdairean cùisear agus cuspair dìreach (uile).	Riochdairean cuspair neo- dhìreach (mar a tha iomchaidh sa chànan).		
Ath- bhualteach	←-----	Cruthan ath-bhualteach gnìomhairean cumanta còmhla ri riochdairean mar abairtean cuimhnichte.	Cruthan ath-bhualteach le gnìomhairean cumanta ann an tràthan iomchaidh.		
Làidir	A' chiad/an dàrna phearsa.		A h-uile pearsa.		
Dàimheach				Riochdairean dàimheach cumanta, ann an tuisealan eadar-dhealaichte mar a tha iomchaidh.	Riochdairean dàimheach neo- chumanta.
Suidheachadh		Beachd air suidheachadh riochdairean dìreach no neo- dhìreach (Nòta: òrdughan).	Beachd air riaghailtean far a bheil barrachd air aon riochdair an sàs.		

Buadhairean

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-Ìre	Àrd-ìre Adhartach
Riaghailtean aontachaidh		Beachd aonta agus foirmean cumanta – riaghailteach agus cuid neo-riaghailteach.	Meudachadh foirmean neo-riaghailteach no riaghailtean crìochnachaidh airson tuiséal mar a tha iomchaidh.		→
Riaghailtean suidheachadh		Beachd air suidheachadh buadhairean.	Riaghailtean suidheachadh.		→
Sealbheachdan	Mo/Do.	Comharradh seilbh airson gach duine.	Aontachadh mar a tha iomchaidh.		→
Ìrean Coimeasach/ feabhasach	Comharrachadh ìre choimeasach.	→	Ìrean choimeasach neo-riaghailteach. Beachd air ìrean fheabhasach.	Ìrean choimeasach agus feabhasach neo-chumanta.	→

Co-ghnìomhairean

Riaghailtean òrdugh			Beachd (far a bheil sin iomchaidh) air riaghailtean òrduigh.		→
Ìrean Coimeasach/ feabhasach	Comharrachadh ìre choimeasach.	→	Ìrean choimeasach neo-riaghailteach. Beachd air ìre fheabhasach.	Ìrean choimeasach agus feabhasach neo-chumanta.	→

Roimhear

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-Ìre	Àrd-ìre Adhartach
		Beachd gum faod roimhearan atharrachadh tuiséal / cruth ainmear / alt, msaa mar a tha iomchaidh.	Buaidhean roimhearach as cumanta.		→
				Buaidhean roimhearach neo-chumanta.	→

Pàipear-taic 3: co-theacsan, cuspairean agus leasachadh chuspairean

Tha na leanas mar dhòighean air am moladh airson na co-theacsan a leasachadh le tagraichean:

Co-theacsa	Cuspair	Leasachadh cuspair
Comann-sòisealta	Teaghlach agus caraidean	♦ a bhith na inbheach ♦ dàimhean agus structaran teaghlaich ♦ pòsadh/com-pàirteachas catharra/fuireach mar chàraid
	Dòighean-beatha	♦ duilgheadasan deugairean, mar eisimpleir smocadh, drogaichean, deoch làidir ♦ cultar lomhainn/burraidheachd ♦ buaidhean agus cuideaman sòisealta
	Meadhanan	♦ buaidh na h-àma dhidseatach
	Cànanan cruinne	♦ mion-chànanan agus an cudromachd/an ceangal ri cultar
	Saoranachd	♦ saoranachd chruinneil ♦ deamocrasaidh ♦ poileataigs ♦ cumhachd
Ionnsachadh	Ag ionnsachadh ann an co-theacsa	♦ tuigsinn fèin mar neach-ionnsachaidh ♦ stoidhlichean ionnsachaidh ♦ cudromachd ionnsachadh cànan
	Foghlam	♦ buannachdan agus/no eas-bhuannachdan foghlam àrd-ìre no adhartach ♦ a' taghadh oilthigh/colaiste ♦ ionnsachadh fad beatha

Co-theacsa	Cuspair	Leasachadh cuspair
Comas-cosnadh	Obraichean	♦ a' faighinn obair samhraidh ♦ a' planadh airson obraichean san àm ri teachd ♦ foghlam àrd-ìre ♦ cothroman bliadhna beàrn a dh'fhaodadh a bhith ann ♦ slighe dreuchd ♦ co-ionannachd san àite-obrach
	Cosnadh agus Cunntas Beatha	♦ ag ullachadh airson agallamh obrach ♦ cudromachd cànan ann an co-theacsan cruinneil ♦ cothroman obrach
Cultar	A' planadh turas	♦ a' gabhail bliadhna beàrn ♦ ag obair thall thairis ♦ a' siubhal
	Dùthchanan eile	♦ a' fuireach ann an comann ioma-chultarach ♦ ro-bharail chultarach ♦ claon-bhreith ♦ gràin-cinnidh
	A' comharrachadh tachartas sònraichte	♦ àite traidiseanan ann an cultaran eadar-dhealaichte ♦ cleachdaidhean agus creideamhan
	Litreachas, film agus telebhisean	♦ mion-sgrùdadh agus luachadh

Pàipear-taic 4: a' sgèileadh co-phàirtean

Tha na co-phàirtean air an liostadh gu h-ìosal fo bhuidh sgèileadh.

Co-phàirt 2: sgrìobhadh stiùirichte pàipear cheistean 1

Comharra stèidhichte	Comharra sgèilte
20	15
16	12
12	9
8	6
4	3
0	0

Co-phàirt 3: èisteachd pàipear cheistean 2

Bun-comharra	Comharra sgèilte
20	30
19	29
18	27
17	26
16	24
15	23
14	21
13	20
12	18
11	17
10	15
9	14
8	12
7	11
6	9
5	8
4	6
3	5
2	3
1	2
0	0

Co-phàirt 4: obair shònraichte-sgrìobhadh

Comharra stèidhichte	Comharra sgèilte
20	15
16	12
12	9
8	6
4	3
0	0

Làraichean-lìn feumail

Faodaidh an liosta gu h-ìosal goireasan a thoirt seachad a tha freagarrach airson cùrsa Nuadh-Chànanan Àrd-ìre.

- ◆ [Duilleag a' chuspair Nuadh-chànanan Àrd-ìre](#)
- ◆ [Stuthan tagraiche agus sgrùdaidhean cùisean deagh chleachdadh](#)
- ◆ [Deasachaidhean de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig ann am Beurla agus Gàidhlig](#)
- ◆ [CPD agus stuthan webinar](#)
- ◆ [Duilleag thachartasan NQ](#)
- ◆ [Goireasan tro Ushare](#)

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An t-Sultain 2024 (dreach 3.0)

Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Notaichean taic cùrsa; clàr gràmair; co-theacsan, cuspairean agus leasachadh chuspairean; agus sgèileadh co-phàirtean air a chur ris mar phàipearan-taice.	An t-Ògmhios 2018
2.1	Soilleireachd air briathrachas anns an earrainn ‘Cumhaichean measaidh’ airson na h-obrach-sgrìobhaidh agus taisbeanadh-labhairt.	An Dàmhair 2019
3.0	Chaidh puing-buille g ùrachadh anns an earrann prionnsapalan coitchean air comharrachadh airson obair shònraichte-sgrìobhadh. Chaidh an earrann Tuilleadh fiosrachaidh ùrachadh.	An t-Sultain 2024

Thoir fa-near: tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a’ cleachdadh an dreach as ùire den sgrìobhainn seo.